

Sgeulachd gu Dràma

Tha an stiùireadh seo air a chur ri chèile airson comhairle a thoirt do thidsearan air mar a ghabhas sgeulachd, pìos bàrdachd, òran, artaigil naidheachd, stòras eachdraidheil, earrannan bhon Bhìoball no eile a thoirt às a chèile agus ath-chruthachadh mar phìos dràma a bhiodh freagarrach airson dealbh-chluich clas/sgoile.

Leis cho farsaing 's a tha an cuspair seo, tha sinn a' dol a choimhead air dà eisimpleir den t-seòrsa rud a dh'fhaodadh tu dheànamh, le dealbhan-cluich stèidhichte air MacCodruim nan Ròn agus Àireamh Muinntir Fhinn.

Tha iomadh dòigh air dràma a dhèanamh de sgeulachd is bu mhath le Fèisean nan Gàidheal is Stòrlann cluinntinn bhuaibh ma tha beachdan no molaidhean agaibh!

Deich Ceumannan gu Dealbh-chluich

(Nithear luaidh air sgeulachd MacCodruim nan Ròn)

Ceum 1 *Dèan lèirmheas*

Leugh an sgeulachd is thoir a-mach na puinean as cudromaiche. Feuch gun dèan thu lèirmheas den sgeulachd ann an 10 – 15 puinean.

Fir Uibhist a' marbhadh nan ròn

Iasgair ga fhàgail air a' chladach

Thèid e na chadal

Thig na ròin air tìr is thèid iad nan daoine

Chì na ròin na closaichean

Falbhaidh iad

Goididh an t-iasgair bian

Tillidh an nighean-ròin agus bruidhnidh an t-iasgair rithe

Pòsaidh iad is beirear mac dhaibh

Gheibh sinn a-mach nach bi i a' bruidhinn

Gheibh sinn a-mach mu mar a chuireas an t-iasgair am bian am falach

Lorgaidh am mac am bian is bheir e dha mhàthair e

Falbhaidh i air ais don mhuij

Bidh an t-iasgair is a mhac air am fagail leotha fhèin

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 1a *Caractaran*

Gabh nota den a h-uile caractar mar a nochdas iad anns an dealbh-chluich – ainm is falal no dhà mun deidhinn. Mura bheil caractaran soilleir ann, tòisich a' smaoineachadh air feadhainn a dh'fhaodadh tu a chruthachadh.

Ann am MacCodruim nan Ròn, chì sinn gu bheil na caractaran seo ann:

Iasgair òg
Nighean-ròin
Codrum

A bharrachd orrasan, tha luaidh ga dhèanamh air Fir Uibhist agus na Ròin.

Shaoileadh tu cuideachd gum biodh caractaran eile ann, leithid muinntir a' bhaile agus ministear no sagart.

Ceum 1b *Fianais*

Fhad 's a tha thu a' dol tron sgeulachd, feuch gun gabh thu notaichean air rudan a bhios cudromach nuair a bhios tu a' cur feòil air cnàmhan an dealbh-chluich, mar eisimpleir coltas nan caractaran, nàdar nan caractaran, fiosrachadh mun àite far a bheil an dealbh-chluich a' gabhail àite, eachdraidhean-beatha 's msaa.

Ann am MacCodruim nan Ròn:

Uibhist/Heisgeir
Sealgairean
Daoine bochda
Coimhearsnachd dhlùth
Iasgairean is tuathanaich

Mar a chuala mise e


<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 2 Teannachadh/Na tha a' tachairt

Cleachd na fhuair thu a-mach aig ceumannan 1, 1a is 1b gus graf a dhèanamh de na tha a' tachairt san sgeulachd.

Càit a bheil na rudan math is na rudan dona a' tachairt? Càit a bheil na rudan nach eil buileach cho math a' tachairt? A bheil pìosan ann far a bheil tòrr a' tachairt? A bheil pìosan ann far nach eil mòran sam bith a' dol air adhart?


Tha eisimpleir gu h-ìosal air an t-seòrsa graf a gheibheadh tu ann an Cinderella (tha 0 a' ciallachadh nach eil cùisean a' dol ro mhath NO nach eil mòran a' dol air adhart san sgeulachd; tha 6 a' ciallachadh gu bheil tòrr a' tachairt no tha rudan math a' tachairt:



Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Nan robh sinn a' dol a dhèanamh an aon seòrsa graf airson MacCodruim nan Ròn, ma dh'fhaoidte gur e seo a bhiodh againn:



'S e as cudromaiche gum faigh thu a-mach càit a bheil na tha a' tachairt a' dol air adhart. Seo na bhios a' cumail aire an luchd-èisteachd. Bidh a' mhòr-chuid de sgeulachdan, filmichean, dealbhan-cluich, pantos msaa a' leantainn pàtran a tha gu ìre mhath coltach ri seo.

Dè nì sinn ma tha e follaiseach nach eil gu leòr gu bhith a' tachairt san dealbhan-cluich? Faodaidh sinn an sgeulachd atharrachadh beagan!

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 3 *Barrachd mu caractaran:*

Cleachd na fhuair thu a-mach aig ìre 1a agus 1b gus dealbh a chruthachadh de na caractaran. Cò an fheadhainn aig am bi tòrr loidhnichean? Cò an fheadhainn a bhios a' fantainn caran sàmhach? Faodar smaoineachadh air na cleasaichean a th' agad aig an ìre seo cuideachd.

'S iad an t-Iasgair, an nighean-ròin agus Codrum na caractaran as fhollaisiche san sgeulachd seo.

Dh'fhaodadh sinn a ràdh mun deidhinn:

2 Seanchaidh (pàirtean mòra)

Iasgair:	duine òg, gaolach, toilichte le bheatha (pàirt mhòr)
Nighean-ròin:	brònach mu bhàs a càirdean, dìleas don iasgair agus do a mac (pàirt mhòr)
Codrum:	sona, onarach (pàirt an ìre mhath mòr)

Ma tha cus sgoilearan agad airson nam pàirtean uile a tha san dealbh-chluich, dè nì thu?

Dh'fhaodadh tu caractaran a chruthachadh! 'S e glè bheag de dhealbhan-cluich is de sgeulachdan nach eil feumach air daoine a bharrachd. Daoine aig partaidhean, bainnsean, air an t-sràid msaa.

Smaoinich mu MhacCodruim nan Ròn. Tha trì no ceithir pìosan ann far a bheil feum air daoine a bharrachd – daoine nach eil air an ainmeachadh san sgeulachd ach a tha riatanach gus an tuig an luchd-èisteachd dè tha a' dol air adhart:

Fir Uibhist ag iomradh a Heisgeir is an uair sin a' marbhadh nan ròn
Na ròin a' tighinn a-mach às a' mhuir

A' bhanais

Am ministear/sagart

Dh'fhaodadh cha mhòr a h-uile pàiste sa chlas a bhith an lùib nan seallaidhean seo!

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 4 *Suidheachadh:*

Ged a bhios an dràma, 's dòcha, a' gluasad bho àite gu àite san sgeulachd, chan eil uallach ort cumail ri seo. Dèan gnothaichean furasta dhut fhèin is na biodh dragh ort an sgeulachd atharrachadh beagan an siud 's an seo. Nam biodh e na b' phasa an suidheachadh a ghluasad gu àite eile, dèan e!

Ged a tha MacCodrum nan Ròn stèidhichte ann an Uibhist a Tuath, dh'obraigheadh e a cheart cho math, mar sgeulachd, ann an sgìre eile.

Chan eil fhios againn cuin a tha an sgeulachd seo stèidhichte – ma dh'fhaoidte anns an t-seachdamh linn deug. An obraigheadh an sgeulachd anns an latha an-diugh? Dè bhiodh eadar-dhealaichte?

Tha filmichean leithid Romeo and Juliette agus O Brother Where Art Thou air an suidheachadh atharrachadh gu àm eile.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 5 *Smaoinich air seat/stèidse/props:*

Ged a bhiodh tu an dùil gun smaoinicheadh tu air a seo na b' fhaide air adhart sa phròiseas, bidh e feumail smaoineachadh air an t-seòrsa àite a th' agad aig an ìre seo.

- seòmar-teagaisg?
- talla?
- taigh-cluich ceart?
- dachaigh seann-daoine?

Mas ann shuas air àrd-ùrlar a bhios an dealbh-chluich ga chumail, am bi buaidh aig a seo air an dreach a chuireas tu air an dealbh-chluich?

Dè an seòrsa props/aodaich msaa a tha thu a' dol a chleachdadadh?

- Beagan props (aodach dubh is adan?)
- Tòrr props is aodach snasail? (NB: = tòrr obrach!)

Dhèanadh e feum cuideachd smaoineachadh air dè cho fada 's a th' agad airson an dealbh-chluich a chur ri chèile. Mura bi agad ach seachdain gus an rud a tharraing ri chèile, am biodh e na b' fhasa gnothaichean a chumail sìmplidh?

Airson MacCodruim nan Ròn, tha sinn a' moladh seata sìmplidh, le bogsaichean a ghabhas cleachdadadh airson suidheachain bàta, creagan, agus sèithrichean a-staigh. Gabhaidh iad seo ath-shuidheachadh leis na cleasaichean.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 6 *Smaoinich air dè an seòrsa deilbh-chluich a tha thu ag iarraidh:*

- Èibhinn?
- A' leantainn gu dlùth ris an sgeulachd?
- A' cleachdadadh na sgeulachd mar bhunait airson dealbh-chluich nas fhaide/nas leasaichte?
- Atharrais?
- Fada?
- Goirid?
- Eachdraidheil?

Carson a tha sibh ga dhèanamh?

- Airson cothrom a thoirt don chloinn dràma a dhèanamh?
- Airson cànan a leasachadh?
- Airson tachartas sònraichte?
- Airson co-fharpais?
- Mar phàirt de phròiseact (airson cuspair a shoilleireachadh)?
- Nollaig?

Cò dha a tha e?

- Sgoilearan eile/co-aoisean?
- An sgoil air fad?
- Pàrantan/inbhich eile?

Tha an dealbh-chluich a rinn sinne de MhacCodruim nan Ròn sa phasgan seo ag amas air clann aig ceann shuas na bun-sgoile mar chleasaichean, ach bhiodh e freagarrach airson luchd-èisteachd bho p3/4 suas gu aois àrd-sgoile.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 7 *Dèan dealbh nad inntinn*

Thalla 's cuir air an coire, suidh air ais agus smaoinich air a h-uile càil a tha thu air obrachadh a-mach gu h-àrd.

Smaoinich air mar a tha thu a' dol a thòiseachadh an dealbh-chluich:

- Sgeulaiche?
- Rud a' tachairt?
- Cuideigin a' smaoineachadh air na làithean a dh'fhalbh?
- Aithris-naidheachd?
- Rudeigin lèirsinneach seach am facal labhairte?

A bheil an cruth seo a' dol a leantainn tron dealbh-chluich?

Ciamar a tha thu a' dol a thoirt an dealbh-chluich gu crìch? A bheil thu a' dol a chumail ris an t-seòrsa crìch a tha san sgeulachd? Mura bheil a' chrìoch sin làidir gu leòr, dè nì thu? Rudeigin èibhinn? Tùrsach? Crìoch chrochte?

A bheil dualan nàdair sònraichte gu bhith aig na diofar charactaran?

A bheil òrain gu bhith ann?

A bheil abhcaid gu bhith a' ruith tron dealbh-chluich?

NB: Ma tha thu a' cleachdadhbh bàrdachd no tachartas eachdraidheil nach eil buileach a' leantainn sgeulachd shoilleir, bidh agad ri bhith nas cruthachaile nuair a thig e gu sgrìobhadh! Tha an aon rud fior airson cuid de sgeulachdan goirid.

Tha sinne air feum mhòr a dhèanamh de sheanchaidhean san tionndadh againne de MhicCodruim nan Ròn.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 8 Seallaidhean

A bheil e follaiseach gun gabh an sgeulachd a bhriseadh sìos ann an seallaidhean?

Dè th' ann an sealladh? 'S e sealladh briseadh nàdarra ann am pòs dràma.

Bidh sinn a' cleachdadhean sheallaidhean airson:

- dealbh-chluich a bhriseadh sìos ann am pòsan nas giorra a tha uile a' tachairt mun aon àm, no anns an aon àite san sgeulachd
- sealltainn gu bheil ùine air gluasad air adhart
- sealltainn gu bheil na tha a' tachairt air an stèidse air gluasad air adhart
- cothrom a thoirt do charactaran ùra thighinn air an stèidse (agus do charactaran eile an stèidse fhàgail)
- innse don luchd-éisteachd (agus do na cleasaichean) gu bheil earrann ùr den dealbh-chluich air a ruighinn
- an àirneis-stèidse atharrachadh.

Bidh seallaidhean cuideachd a' leigeil le clann dealbh-chluich ionnsachadh ann an earrannan beaga.

Ann am MacCodruim nan Ròn, dh'fhaodadh sinn a ràdh gu bheil 9 seallaidhean follaiseach san sgeulachd:

Sealladh 1

Fir Uibhist a' marbhadh nan ròn
Iasgair ga fhàgail air a' chladach

Sealladh 2

Thèid e na chadal

Sealladh 3

Thig na ròin air tìr is thèid iad nan daoine
Chì na ròin na closaichean
Falbhaidh iad

Sealladh 4

Goididh an t-iasgair bian

Sealladh 5

Tillidh an nighean-ròin agus bruidhnidh an t-iasgair rithe

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sealladh 6

Pòsaidh iad is beirear mac dhaibh
Gheibh sinn a-mach nach bi i a' bruidhinn

Sealladh 7

Gheibh sinn a-mach mu mar a chuireas an t-iasgair am bian am falach

Sealladh 8

Lorgaidh am mac am bian is bheir e dha mhàthair e

Sealladh 9

Falbhaidh i air ais don mhuir
Bidh an t-iasgair is a mhac air am fagail leotha fhèin

'S dòcha, ge-tà, gum bi an dealbh-chluich nas phasa a làimhseachadh le nas lugha de sheallaidean:

Sealladh 1

Fir Uibhist a' marbhadh nan ròn
Iasgair ga fhàgail air a' chladach
Thèid e na chadal

Sealladh 2

Thig na ròin air tìr is thèid iad nan daoine
Chì na ròin na closaichean
Falbhaidh iad
Goididh an t-iasgair bian
Tillidh an nighean-ròin agus thèid an t-iasgair far a bheil i msaa

Sealladh 3

Pòsaidh iad is beirear mac dhaibh
Gheibh sinn a-mach nach bi i a' bruidhinn

Sealladh 4

Gheibh sinn a-mach mar a chuireas an t-iasgair am bian am falach
Lorgaidh am mac am bian is bheir e dha mhàthair e

Sealladh 5

Falbhaidh i air ais don mhuir
Bidh an t-iasgair is a mhac air am fagail leotha fhèin

NB: Chan eil toiseach is deireadh sheallaidean a' ciallachadh gum feum cùirtear a dhùnad! Uaireannan cha mhothaich an luchd-èisteachd gu bheil an sealladh air atharrachadh.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 9 *Cruthaich!*

Sgrìobhadh

'S iad na ciad loidhnichean as duilghe!

Cuir rudeigin sìos ann an cànan simplidh – cuimhnich gum faod thu a dhol thairis air a-rithist.

Tha a h-uile sgrìobhadair diofraichte! Bidh cuid de dhaoine a' cosg ùine air stiùiridhean stèidse aig toiseach an dealbh-chluich ach am bi e follaiseach do na cleasaichean dè tha a' dol air adhart. Bidh cuid eile a' tùiseachadh leis a' chànan, is a' cur nan stiùiridhean a-steach às dèidh làimh.

Can ris a' chloinn an obair a dhèanamh!

Dè mu dheidhinn seo a chleachdad mar phròiseact sgrìobhaidh sa chlas? Cuir a' chlann ann am buidhnean, is aon uair 's gum bi sibh air aontachadh mu na diofar sheallaidhean msaa, dh'fhaodadh gach buidheann sealladh a phlanadh. Às dèidh dhaibh sin a dhèanamh, leugaibh tro na planaichean airson dèanamh cinnteach gu bheil an sgeulachd a' leantainn tromhpa, is faodaidh a' chlann an uair sin tùiseachadh air sgrìobhadh.

Cruthachadh aig an àm

Ged a tha a bhith ga dhèanamh suas fhad 's a tha iad a' dol air adhart nas fheàrr airson clann nas sine, gabhaidh rudeigin simplidh a dhèanamh le clann nas òige cuideachd. 'S e an rud as fheàrr mun dòigh-obrach seo gum bi a' chlann, 's dòcha, nas cofhurtaile leis a' chànan a tha iad a' cleachdad.

Ma tha a' chlann fhèin cinnteach às an sgeulachd, is ma tha iad air a bhith an lùib a' phròiseas, bruidhinn riutha mu na caractaran a tha san dealbh-chluich, is thoir dhaibh na caractaran a bhios iad a' cluiche (no leig leotha fhèin sin a thaghadh).

Cuir ri chèile an seata airson a' chiad sheallaidh, is can ris na caractaran a bhios a' nochdadh san t-sealladh seo rud sam bith a thogras iad a ràdh gus an rud fhaighinn gu dol. Leig leotha a dhol air adhart airson mionaid bheag, is an uair sin can riutha a dhol air ais chun an toisich. Tòisich a-rithist, is leig leotha a dhol beagan nas fhaide, is mar sin air adhart. Feumaidh tu fhèin nota a chumail air na tha a' tachairt, is dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ceart gu leòr.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Facal mu loidhnichean

Ma tha loidhnichean a' nochdadhsan sgeulachd, faodaidh tu an cleachdadhs, no an atharrachadh beagan ma tha iad 's dòcha ro dhoirbh don chloinn. Mas ann a' cleachdadhs tachartas eachdraidheil a tha thu, bidh agad ri loidhnichean freagarrach a dhèanamh suas gus na beàrnana a lìonadh!

Facal mu shaorsa cruthachaidh

Mar a thuirt sinn gu h-àrd, chan eil dad a' cur stad oirbh sgeulachd atharrachadh beagan ma nì e barrachd ciall a thaobh na dràma. Tha e ceart gu leòr barrachd charactaran a thoirt a-steach, pìosan a thoirt às is pìosan buileach ùr a chur a-steach ma tha seo a' dol a dhèanamh chùisean nas phasa dhuibh.

Facal mu stiùiridhean stèidse

Feuch gun cùm sibh na stiùiridhean goirid agus furasta a thuigsinn. 'S iad na stiùiridhean a dh'innseas do stiùiriche agus do chleasaichean dè bhios a' tachairt air an stèidse, mas e's nach eil sin soilleir bho na loidhnichean.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 10 *Ath-sgrùudadh*

Gabh cothrom a dhol thairis air a-rithist.

A bheil e a' dèanamh ciall?

A bheil an leantalachd ceart gu leòr?

A bheil cus loidhnichean aig cuid de na cleasaichean?

A bheil duine sam bith ann aig nach eil loidhnichean idir?

A bheil thu a' faireachdainn gu bheil a' chrìoch làidir gu leòr?

A bheil thu cinnteach gun TUIG a' chlann – agus an luchd-èisteachd – cò mu dheidhinn a tha an dealbh-chluich?

... agus an uair sin faodaidh tu a chur air an àrd-ùrlar!

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>



Am pròiseas

- 1 Dèan cinnteach gu bheil thu eòlach air an sgeulachd
Thoir a-mach na puingean as cudromaiche
Gabh notaichean mu na caractaran
Smaoinich mu na rudan eile a tha an lùib na sgeulachd
 - 2 Smaoinich air na pìosan far a bheil tòrr teannachaидh/rudan a' tachairt msaa
 - 3 Smaoinich air na caractaran
 - 4 Smaoinich mu shuidheachadh airson an deilbh-chluich
 - 5 Smaoinich mun t-seata/stèidse
 - 6 Smaoinich air dè an seòra deilbh-chluich a bhios sibh a' dèanamh
 - 7 Dèan dealbh nad inntinn!
 - 8 Seallaidhean
 - 9 Cruthaich
 - 10 Àth-sgrùd
-

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Àireamh Muinntir Fhinn

A' cleachdadadh an stiùiridh seo, tha sinn a' dol a dhèanamh dealbh-chluich den sgeulachd shìmplidh Àireamh Muinntir Fhinn. Dh'fhaodadh an dealbh-chluich seo a bhith freagarrach do chloinn de dh'aois sam bith.

Ceum 1:

Lèirmheas:

Cha robh Fionn is Dubhan a' faighinn air adhart uabhasach math, ach bha nighean Dhubhain a' smaoineachadh gun robh Fionn gu math eireachdail. Thachair gun robh iad còmhla air bòrd bàta.

Bha 14 saighdearan an urra aca.

Dh'èirich stoirm agus bha am bàta ann an cunnart a dhol fodha.

'S e an aon dòigh a bh' aca air am bàta a shàbhaladh an dùrna leth de na daoine a chur leis a' chliathaich.

Cha robh duine aca deònach na fir aca a chur don t-sàl.

Chuir nighean Dhubhain a h-uile duine nan suidhe ann an cearcall ann an òrdugh stèidhichte.

An uair sin thòisich i gan cunntadh a-mach, is chaidh gach naoidheamh fear – agus 's e muinntir Dhubhain a bh' ann air fad – a chur don mhuir.

Mu dheireadh cha robh air fhàgail ach a h-athair.

Chuir Fionn stad oirre mus do chuir i a h-athair don t-sàl.

Fhuair am bàta gu tir gu sàbhailte.

Ceum 1a

Caractaran:

Fionn: cudromach, làidir, falt bànn, pàirt mhòr, eireachdail

Dubhan: cudromach, falt dorcha, làidir, pàirt mhòr

Nighean Dhubhain: glic, sùil aice ann am Fionn

Saighdearan: dìleas gu bàs

Ceum 1b

Fianais:

Aig muir ann am bàta

Nàimhdean?

14 saighdearan an urra aca

Stoirm-eil


Bàta beag

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 2

Teannachadh/na tha a' tachairt



Chì sinn gu bheil gu leòr a' tachairt san sgeulachd airson aire an luchd-èisteachd a chumail.

3. Barrachd mu charactaran

Fionn: cudromach, làidir, falt bànn, pàirt mhòr, eireachdail

Dubhan: cudromach, falt dorcha, làidir, pàirt mhòr

Nighean Dhubhain: glic, sùil aice ann am Fionn, tha buaidh aice air a h-athair

Saighdearan: dileas gu bàs

Bidh 31 caractar san dealbh-chluich

Cha bhi na 28 saighdearan a' dèanamh mòran sam bith (ma dh'fhaoidte gun gabhadh loidhne bheag shìmplidh a thoirt do gach pàiste ge-tà). 'S ann air Fionn, Dubhan agus nighean Dhubhain a bhios a' mhòr-chuid den uallach san dealbh-chluich.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ma bhios e follaiseach nach bi gu leòr sa chlas airson na pàirtean uile a lionadh, dh'fhaodadh sinn smaoineachadh air ìomhaighean de chairt-bòrd a chleachdad airson nam pàirtean sin, agus a' chlann gan làimhseachadh.

4. Suidheachadh

Air bòrd bàta! Ach dè mu dheidhinn an dealbh-chluich a thòiseachadh is a thoirt gu crìch air tìr?

5. Seata msaa.

Tha a' mhòr-chuid den sgeulachd a' tachairt ann an ceartcall, ach dh'fhaodadh sin a bhith doirbh a chur air stèidse àrdaichte (dh'obraigheadh e air stèidse-fhosgailte no "arena"). Mar sin, dh'fhaodadh gum biodh e na b' phasa a chlann a chur ann an sreath seach ann an ceartcall.

6. Dè an seòrsa deilbh-chluich?

Leis gur e sgeulachd ghoirid a tha seo, is gum feum sinn tòrr a chur rithe airson dealbh-chluich a dhèanamh dhi, tha sinn a' dol a dhèanamh dealbh-chluich èibhinn, nach eil a' cumail gu dlùth ris an sgeulachd.

7 agus 8 – A' dèanamh dealbh san inntinn agus seallaidhean

Gabhaidh sinn an dà cheum seo còmhla.

Gabhaidh na puingean a lorg sinn aig ceum 1 a roinn mar a leanas:

Cha robh Fionn is Dubhan a' faighinn air adhart uabhasach math, ach bha nighean Dhubhain a' smaoineachadh gun robh Fionn gu math eireachdail. Thachair gun robh iad còmhla air bòrd bàta.
Bha 14 saighdearan an urra aca.

Dh'èirich stoirm agus bha am bàta ann an cunnart a dhol fodha.
'S e an aon dòigh a bh' aca air am bàta a shàbhaladh an dàrna leth de na daoine a chur leis a' chliathaich.
Cha robh duine aca deònach na fir aca a chur don t-sàl.

Chuir nighean Dhubhain a h-uile duine nan suidhe ann an ceartcall ann an òrdugh stèidhichte.
An uair sin thòisich i gan cunntadh a-mach, is chaidh gach naoidheamh fear – agus 's e muinntir Dhubhain a bh' ann air fad – a chur don mhuir.
Mu dheireadh cha robh air fhàgail ach a h-athair.
Chuir Fionn stad oirre mus do chuir i a h-athair don t-sàl.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fhuair am bàta gu tìr gu sàbhailte.

Mar a thuirt sinn gu h-àrd, tha sinn a' dol a dh'atharrachadh na sgeulachd beagan, is mar sin, seo na seallaidhean a tha sinn a' dol a chleachdad (le puing no dhà a bharrachd a tha sinn air a chur ann).

Sealladh 1

Gheibh Dubhan litir ag innse dha gu bheil e air co-fharpais a bhuanachadh – turas a Hiort.

Chan eil e toilichte oir bidh Fionn air a' bhàta còmhla ris.

Gheibh sinn a-mach gu bheil nighean Dhubhain a' saoilsinn gu bheil Fionn pìosail.

Aontaichidh e a dhol ann nuair a gheibh e a-mach gum faigh e duais airgid cuideachd.

Sealladh 2

Gheibh Fionn an aon litir

Tha searbhant aige a tha a' comhairleachadh a dhol ann ach am faigh e an duais.

Sealladh 3

Nochdaidh iad aig a' chidhe le 14 saighdearan an urra aca.

Falbhaidh iad, is chan eil Fionn is Dubhan a' bruidhinn ri chèile.

Tha nighean Dhubhain a' priobadh air Fionn ge-tà.

Tòisichidh an stoirm ag èirigh.

Sealladh 4

Tha e follaiseach gum feum iad feedhainn de na saighdearan a chur leis a' chliathaich.

Chan eil duine deònach a dhèanamh.

Chuir nighean Dhubhain a h-uile duine nan suidhe ann an clearcall ann an òrdugh stèidhichte.

An uair sin thòisich i gan cunntadh a-mach, is chaidh gach naoidheamh fear – agus 's e muinntir Dhubhain a bh' ann air fad – a chur don mhuir.

Mu dheireadh cha robh air fhàgail ach a h-athair.

Chuir Fionn stad oirre mus do chuir i a h-athair don t-sàl.

Sealladh 5

Thig iad air tìr.

Pòsaidh Fionn is nighean Dhubhain.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Ceum 9 – Sgrìobhadh

Thoir sùil air an dealbh-chluich a rinn sinne – an dèanadh tusa rudeigin eadar-dhealaichte leis an sgeulachd?

Ceum 10 – Ath-sgrùdadadh

Leugh thairis air mus toir thu don chloinn e!

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>